

Aonta agus an lagh: Earrannan

Cuir na cairtean seo mu aonta ann an dà phàirt:

CÌNNTEACH/A' TUIGSINN no MÌ-CHINNTEACH/THA CEISTEAN

1. Feumaidh tu aonta gach turas a tha sibh ri feise, fiù 's ann an dàimh agus ged a bhiodh tu air aontachadh roimhe.

2. Ged a bhiodh tu air aontachadh rud feiseil a dhèanamh roimhe, faodaidh tu diùltadh a dhèanamh a-rithist.

3. Faodaidh neach aontachadh a bhith ri feise or 's dòcha gun can iad gu bheil rud a còrdadh riutha no gu bheil iad ag iarraidh rud a dhèanamh. Faodaidh iad cuideachd rudan a dhèanamh a sheallas gu bheil iad toilichte me faodaidh iad tarraing dlùth dhut, coimhead dha na sùilean agad, gàire a dhèanamh riut, suathadh annad.

4. Ma tha cuideam ga chur air neach gus aontachadh, chan e aonta cherart a th' ann. Chan e aonta a th' ann ma tha thu a' cur dragh air neach, gan sàrachadh no a' toirt air neach a bhith a' faireachdainn dona ma dhiùltas iad rud a dhèanamh.

Aonta agus an lagh: Earrannan

Cuir na cairtean seo mu aonta ann an dà phàirt:

CÌNNTÈACH/A' TUIGSINN no MÌ-CHINNTÈACH/THA CEISTEAN AGAINN

5. Mura h-eil an neach a tha còmhla riut air aonta a thoirt seachad, no ma tha iad ag atharrachadh an inntinn, 's dòcha gum bi thu mì-thoilichte ach chan eil còir sam bith agad toirt orra faireachdainn dona no feuchainn ri toirt orra rud a dhèanamh an aghaidh an toil.

6. Feumaidh tu dèanamh cinnteach gu bheil neach toichte cumail iorra nuair a tha sibh ri feise sex. Faodaidh tu ceistean fhaighneachd mar "A bheil thu ceart gu leòr?" "A bheil seo ok?" "A bheil thu airson stad?"

7. Nuair a tha thu ri rud sam bith feiseil feumaidh tu aire a thoirt don neach eile. Ma tha thu den bheachd nach eil do chèile cinnteach no mì-thoilichte, no gu bheil iad airson stad, feumaidh tu stad. Chan fheum iad 'sguir' no 'stad' a ràdh. Faodaidh iad na tha iad a' faireachdainn a chur an cèill le bodhaig no leis na gnìomhan aca.

8. Faodaidh to inntinn atharrachadh nuair a tha sibh a' dèanamh rud feiseil. Chan eil e ro fhadalach aig àm sam bith dhut d' inntinn atharrachadh, diùltadh no 'stad' a ràdh.

Aonta agus an lagh: Earrannan

Cuir na cairtean seo mu aonta ann an dà phàirt:

CÌNNTÈACH/A' TUIGSINN no MÌ-CHINNTÈACH/THA CEISTEAN AGAINN

9. Chan urrainn do neach aontachadh a bhith ri feise mura h-eil iad comasach air sgàth buaidh deoch làidir no drogaichean no ma tha iad nan cadal no gun mhothachadh.

10. 'S e èigneachadh no droch ionnsaigh dhrabasta a th' ann n gnìomhan feiseil sam bith gun aonta.